

Aithris air fianais an tagraiche

Tha fianais an tagraiche air na comharran a leanas a choileanadh airson gach earrann den phròiseact.

Tagraiche 2

Ro-ràdh

Chaidh **3/6 comharran** a bhuileachadh don tagraiche.

- ₁ ✓ Chaidh comharra 1 a bhuileachadh a' chionn 's gun do mhinich an tagraiche sàbhailteachd rathaidean ann an Sasainn, sa Chuimrigh agus ann an Alba a thaobh tubaistean, far an d' fhuair dochann pearsanta, air rathaidean poblach.
- ₂ ✓ Chaidh comharra 2 a bhuileachadh a' chionn 's gun do chuir an tagraiche an cèill gun tèid an dàta a dheuchainneachadh gus faicinn a bheil fianais gu leòr ann gus dàimh loidhneach a chur air adhart eadar an t-àm agus dè cho dona 's a bha an dochann agus a bheil piseach brìgheil air a bhith ann a thaobh na h-ìre de dhochann bho 1981 gu 2015.
- ₃ ✗ Cha deach comharra 3 a bhuileachadh a' chionn 's nach do chuir an tagraiche an cèill an seòrsa de dhàta a thathar a' rannsachadh — àireamheil no co-cheangailte ri roinnean-seòrsa.
- ₄ ✓ Chaidh comharra 4 a bhuileachadh a' chionn 's gun tug an tagraiche fiosrachadh seachad air cùl-raon tùs an data, ag ràdh gun tàinig e bho làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba – foirm airson aithris thubaistean 2019, a chaidh aithris leis a' phoileas bhon Fhaoilleach 1979 gus an Dùbhlachd 2015.
- ₅ ✗ Cha deach comharra 5 a bhuileachadh a' chionn 's nach do rinn an tagraiche iomradh sam bith air tùs an dàta agus, a thaobh 's gun tàinig an dàta bho làrach-lìn riaghaltais, gum faodar cur mar fhiacham gu bheil an dàta làidir.
- ₆ ✗ Cha deach comharra 6 a bhuileachadh a' chionn 's nach do rinn an tagraiche iomradh sam bith air creideasachd a' mhodha a chaidh a chleachdadh gus an dàta a thional.

Beachd pearsanta

Chaidh **2/8 comharran** a bhuileachadh don tagraiche.

- ₁ ✓ Chaidh comharra 1 a bhuileachadh a chionn 's gun do chruthaich an tagraiche taisbeanadh grafaigeach iomchaidh – plot-sgapte.
- ₂ ✗ Cha deach comharra 2 a bhuileachadh a chionn 's nach do chruthaich an tagraiche dàrna taisbeanadh grafaigeach **iomchaidh** – dh'fhaodadh an tagraiche a bhith air clàr-cholbhan a chruthachadh gus sgaoileadh nan trì ìrean de dhochann eadar 1981 agus 2015 a thaisbeanadh.
- ₃ ✓ Chaidh comharra 3 a bhuileachadh a chionn 's gun do rinn an tagraiche iomradh a thaobh dè cho feumail 's a tha an taisbeanadh a chaidh a thaghadh – a' cur an cèill nach eil am plot-sgapte aca a' sealltainn dàimh

loidhneach.

- ₄ ✘ Cha deach comharra 4 a bhuileachadh a chionn 's nach do rinn an tagraiche iomradh sam bith air roghainnean a thaobh taisbeanadh grafaigeach.
- ₅ ✘ Cha deach comharra 5 a bhuileachadh a chionn 's nach do chuir an tagraiche leubailen axis air an dàrna taisbeanadh grafaigeach aca.
- ₆ ✘ Cha deach comharra 6 a bhuileachadh a chionn 's nach eil e soilleir an deach na cuibheasan obrachadh a-mach, agus cha robh na meadhanan agus luachan mòdach air an obrachadh a-mach (mar a bu chòir dhaibh a bhith air sàilleibh an t-seòrsa de dhàta). Bhiodh meadhanan agus mòdan a' cuideachadh gus comharradh a thoirt seachad an robh co-chuidean àrda de dhochannan air an clàradh aig ìre 1 no ìre 3 ann an aon bhliadhna sam bith.
- ₇ ✘ Cha deach comharra 7 a bhuileachadh a chionn 's nach eil comharradh ann air cho caochlaideach 's a tha an dàta bho bhliadhna gu bliadhna.
- ₈ ✘ Cha deach comharra 8 a bhuileachadh a chionn 's nach do chuir an tagraiche tiotalan gu leòr ann airson dàta a' chlàir gus fios a bhith aig an leughadair air dè tha an dàrna colbh de dhàta a' gabhail a-steach no a' riochdachadh, agus chan eil aonad tomhais ann. Tha dìth staitistigean tuairisgeulach ann agus mar sin tha dìth leubaileadh iomchaidh ann.

Anailis agus mìneachadh

Chaidh **4/6 comharran** a bhuileachadh don tagraiche.

- ₁ ✓ Chaidh comharra 1 a bhuileachadh a chionn 's gu bheilear a' sealltainn obrachadh a-mach a rinn an tagraiche airson na Loidhne Ais-cheumnachaidh.
- ₂ ✓ Chaidh comharra 2 a bhuileachadh a chionn 's gun do chuir an tagraiche an cèill co-dhàimh co-èifeachd Pearson.
- ₃ ✓ Chaidh comharra 3 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad beagan mìneachaidh air an loidhne as freagarraiche ann an co-theacsa ceist an rannsachaidh aca.
- ₄ ✘ Cha deach comharra 4 a bhuileachadh a chionn 's nach do thaisbean an tagraiche luach p no diùltadh/gun diùltadh beachd-bharail nialasach.
- ₅ ✘ Cha deach comharra 5 a bhuileachadh a chionn 's nach tug an tagraiche seachad mìneachadh sam bith air na staitistigean tuairisgeulach.
- ₆ ✓ Chaidh comharra 6 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad fianais air mìneachadh ann an co-theacsa ceist an rannsachaidh.

Co-dhùnaidhean

Chaidh **3/4 comharran** a bhuileachadh don tagraiche.

- ₁ ✓ Chaidh comharra 1 a bhuileachadh a chionn 's gun deach fianais an tagraiche a thoirt seachad sa chiad sheantanas sa cho-dhùnadh.
- ₂ ✘ Cha deach comharra 2 a bhuileachadh a chionn 's nach tug an tagraiche seachad fiosrachadh gu leòr a thaobh nan taisbeanaidhean grafaigeach agus staitistigean tuairisgeulach sa cho-dhùnadh.

- ₃ ✓ Chaidh comharra 3 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad beagan fiosrachaidh a thaobh nan taisbeanaidhean grafaigeach, agus na staitistigean a bharrachd sa cho-dhùnadh.
- ₄ ✓ Chaidh comharra 4 a bhuileachadh a chionn 's gun do cheangail an tagraiche an co-dhùnadh ri amas a' phròiseict.

Taisbeanadh

Chaidh **4/6 comharra** a bhuileachadh don tagraiche.

- ₁ ✓ Chaidh comharra 1 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad teacsa iomchaidh ri taobh gach plot-sgapte.
- ₂ ✗ Cha deach comharra 2 a bhuileachadh a chionn 's nach tug an tagraiche seachad mìneachadh no facal-toisich sam bith airson clàr nan staitistigean.
- ₃ ✓ Chaidh comharra 3 a bhuileachadh a chionn 's gun tug an tagraiche seachad beagan mìneachaidh air an ais-cheumnachadh loidhneach agus air luach r.
- ₄ ✓ Chaidh comharra 4 a bhuileachadh a chionn 's gun robh ceann-sgrìobhaidh freagarrach air a h-uile earrann.
- ₅ ✓ Chaidh comharra 5 a bhuileachadh a chionn 's gun robh gach earrann den aithisg a' sruthadh, mar gum b' eadh, gu loidigeach.
- ₆ ✗ Cha deach comharra 6 a bhuileachadh a chionn 's nach eil an tagraiche air eàrr-ràdh dàta no clàr-leabhraichean a ghabhail a-steach.

Pròiseact

Bha an àireamh fhaclan taobh a-staigh na crìche de 2,200 facal agus mar sin chaidh **16/30** uile gu lèir a bhuileachadh airson a' phròiseict.